


STORYWORLDS



# Na Geamaichean



Jill Atkins • Shelagh McNicholas

# Na Geamaichean



An teacs a Jill Atkins  
Na dealbhan Shelagh McNicholas  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



A h-uile samhradh bhiodh Alison a' dol a dh'fhuireach greis còmhla ri a seanair agus a seanmhair ann an Alba.

Bha Seumas a' fuireach an ath-dhoras.

Aon latha chaidh Alison agus Seanair chun nan geamaichean.

“Chì sinn Seumas aig na geamaichean,” ars Alison.

“Bidh e a' dèanamh Dannsa Gaidhealach.”



Nuair a ràinig iad na geamaichean thuirte Alison ri Seanair, “Am faod mi a dhol a lorg Sheumais?”

“Faodaidh,” thuirte Seanair.

Cha robh i fada gus  
an do lorg i Seumas.  
Bha e còmhla ri  
nighean le falt  
uabhasach fada.



“S tu tha coimhead math san fhèileadh,”  
thuirt Alison ri Seumas. “B’ fheàrr leam  
gun robh fear agam fhèin.”

An uair sin rinn Alison gàire beag ris an  
nighinn ach cha do rinn ise gàire air ais.  
Thionndaidh i agus choisich  
i air falbh.





“Cò bha siud?” dh’fhaighnich Alison.

“Siud Laura,” arsa Seumas.

“Bidh mi a’ dannsa còmhla rithe.”

“Chan eil i ro ghasa,” ars Alison.

“Chan eil,” arsa Seumas.

“Cha toil leam a bhith a’ dannsa còmhla rithe, ach ’s mi an aon ghille a tha an aon àirde rithe.”



Thòisich na geamaichean an uair sin.  
Chunnaic Alison agus Seumas tòrr  
dhaoine làidir a' sadail, a' putadh agus  
a' slaodadh rudan.  
An sin chunnaic iad Laura a-rithist.  
Bha i gan leantainn.



An dèidh sin chunnaic iad  
fireannach mòr a' sadail an ùird.  
“Nì mise siud,” arsa Seumas, agus  
thòisich e air a dhol mu chuairt agus  
mu chuairt gus an do thuit e.

An uair sin thàinig Laura a-nall  
gu Seumas agus thuirt i ris,  
“Nach tu tha gòrach.”





Bha Alison airson gu falbhadh Laura,  
ach chan fhalbhadh. Chaidh Alison  
agus Seumas a choimhead air Dannsa  
a' Chlaidheimh.

“Nì mise siud,” ars Alison, agus dhanns  
agus dhanns i gus an do thuit i.

Thàinig Laura a-nall a-rithist agus  
thuirt i rithe, “Nach tu tha gòrach.”



“Trohadh,” thuirt Seumas air a shocair.

“Fàgaidh sinn Laura an seo.”

Ruith Alison agus Seumas tarsainn na pàirc a choimhead nam fireannach a’ cur charan dhen chabar.

“Seall! Siud Seanair,”  
dh’èigh Alison.

Bha caraid Seanair  
a’ cur car dhen chabar.

“S e as fheàrr a  
th’ ann,” arsa Seanair.



Dh’fhaighnich caraid Seanair dha Alison  
an robh i airson an cabar fheuchainn.

“Tha e ro throm,” thuirt Alison le gàire.

“Tha e cho trom ri craoibh!”





“Chan eil thu uabhasach làidir, a bheil?”  
arsa Laura.

“Tha mise nas treasa na thusa.”

“Chan eil thu!” ars Alison.

“Tha mi!” thuirt Laura.

“Trohad còmhla rium. Seallaidh  
mise dhut.” Lean Alison agus Seumas  
Laura tarsainn na pàirc.



Thug i null iad gu far an robh clann a' dol  
a dh'fheuchainn 'slaod an ròp'.

“Trohad, Alison,” arsa Seumas.

“Thèid sinne air a' cheann seo.”



Mar sin chaidh Alison agus Seumas air aon  
cheann agus chaidh Laura air a' cheann eile.



“Aon, dhà, trì, slaodaibh!” dh’èigh an tidsear. Shlaod a h-uile duine cho math ’s a b’ urrainn dhaibh.



Siud thuit iad uile nan cnap, agus bha Alison agus Seumas a’ gàireachdainn.



Ach an uair sin dh'èigh Laura,

“Ghoirtich mi m' adhbrann.

Chan urrainn dhomh coiseachd.”

Chuidich tidsear Sheumais Laura a-null  
gu sèithear.

“O, Laura, a-nis chan urrainn dhut dannsa.”



“Alison, an dawns thusa còmhla rium?”  
dh’fhaighnich Seumas. “Ma sheallas tu  
dhomh mar a nì mi e,” thuirt Alison, agus  
dh’fhalbh i còmhla ris.



An toiseach cha robh Alison ro mhath  
ach cha b’ fhada gus an robh i a’ dannsa  
uabhasach math.



Nuair a bha an danrsa seachad, thuirt an tidsear, “Thoiribh taing mhòr dha Alison airson gun do chuidich i sinn.”

An uair sin thàinig Laura far an robh Alison agus thuirt i, “Dhanns thu glè mhath airson a’ chiad turas. Bidh thu cheart cho math riumsa fhathast.”